

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at rodny.maclea@bbc.co.uk. This is Litir 365. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 61 corresponds to Litir 365.

Thathar ag ràdh gum b’ e am batail mu dheireadh eadar Gàidheil is Goill ann an Alba “Sabaid Mhòr Inbhir Ùige” ann an ochd ceud deug, caogad ’s a naoi (1859). ’S e gnothach uabhasach a bh’ ann às nach bi Gàidheal no Gall moiteil an-diugh. Thòisich e le ubhal – no, a rèir cuid, orainsear. Agus chrìochnaich e le aimhreit mhòr air sràidean Inbhir Ùige.

Bha na mìltean de Ghàidheil ann an Inbhir Ùige airson an iasgaich. ’S ann à Leòdhas a bha mòran aca. Air an t-seachdamh latha fichead dhen Lùnastal – ’s e Disathairne a bh’ ann – thòisich sabaid air an àrd-shràid eadar dithis bhalach. ’S ann mu dheidhinn ubhal – no orainsear – a bha an t-sabaid. B’ iad an dithis gille à Inbhir Ùige agus fear Calum MacLeòid à Bail’ Ailein ann an Leòdhas. Bha Calum ceithir bliadhn’ deug a dh’aois.

Bha gu leòr a-muigh air an t-sràid agus sgaoil an t-sabaid mar fhalaig sa mhòintich. Taobh a-staigh dà mhionaid bha na ceudan air a dhol an amhaichean a chèile. Thàinig na poilis agus dh’fheuch iad ri eileanach a chur an grèim a bhathar a’ coireachadh airson na h-aimhreit. Ach cha leigeadh a charaidean leis na poilis a thoirt air falbh. Mu dheireadh fhuair na poilis taic bho chuid de mhuinntir an àite, agus **chaidh aca air** an duine a thoirt gu stèisean nam poileas.

Chuaireadh na h-eileanaich an togalach. **Bha iad a’ toirt rabhadh seachad** gun toireadh iad fhèin an duine a-mach mura biodh e air a leigeil ma sgaoil. Bha na poilis dhen bheachd gum b’ e fear à Ceòs ann an Leòdhas, Raibeart Dòmhnallach, an ceannard aca. Thàinig iad a-mach agus tharraing iad Raibeart a-steach don togalach. A rèir aithris, chaidh a chuid aodaich a reubadh dheth anns an ùpraid.

Dh’fhàs a’ mhì-rian na bu mhiosa. Thuir an sluagh gun leagadh iad an togalach gu làr mura leigeadh na poilis na h-eileanaich ma sgaoil. Bha mu dhà mhìle gu leth duine an làthair, ach bha dìreach mu cheud a’ gabhail pàirt san aimhreit.

Bha feadhainn a’ sadail chlathan. Chaidh trithead uinneag a bhriseadh ann an Talla a’ Bhaile agus bha feadhainn a’ toirt ionnsaigh air daoine eile a bha dìreach a’ coimhead a’ ghnòthaich. Chaidh oidhirp a dhèanamh, ann an Gàidhlig is Beurla, fearg an t-sluaigh a mhùchadh, ach cha do dh’obraich e.

Cha robh an t-Àrd-chonstabal air a bhith dìomhain, ge-tà. Bha e air fios a chur don t-soitheach dìon-iasgaich, am *Princess Royal*, a bha anns an sgìre. Bha e cuideachd air a bhith a’ clàradh cuid de dh’fhir an àite mar chonstabal sònraichte.

Bha dragh air na h-ùghdarrasan cuideachd mu choinneamh-ùrnaigh a bha a’ gabhail àite faisg air làimh, anns an robh mìle gu leth duine – a’ chuid a bu mhotha aca nan

Gàidheil. Chaidh brath a chur don mhinistear, Mgr MacAoidh à Dùthaich MhicAoidh, iarraidh air a' choitheanal aige dhol dìreach dhachaigh às dèidh làimh. Rinn e sin, agus chaidh a' chuid a bu mhotha de na daoine dhachaigh gun dàil. Rinn Mgr MacAoidh fhèin air làrach na h-aimhreit agus bhruidhinn e ris an t-sluagh airson fichead mionaid, ag iarraidh orra sgaoileadh, ach cha do ghabh iad a chomhairle.

An uair sin leugh an Siorram Achd na h-Aimhreit. Agus chì sinn dè thachair an ath-sheachdain.

* * * * *

Faclan na Litreach: Ceòs: *Keose*; mì-rian: *disorder*; crann: *mast*; dìomhain: *idle*; coinneamh-ùrnaigh: *prayer meeting*; Dùthaich MhicAoidh: *The Mackay country of N. Sutherland*.

Abairtean na Litreach: Sabaid Mhòr Inbhir Ùige: *The Great Fight of Wick*; às nach bi X no Y moiteil an-diugh: *of which neither X or Y is proud today*; chrìochnaich e le aimhreit mhòr: *it finished with a great riot*; b' iad an dithis gille à Inbhir Ùige agus X à Bail' Ailein: *the two were a lad from Wick and X from Balallan*; sgaoil an t-sabaid mar fhalaisg sa mhòintich: *the fighting spread like a muirburn on the moor*; bha na ceudan air a dhol an amhaichean a chèile: *hundreds [of people] were at loggerheads*; dh'fheuch iad ri eileanach a chur an grèim: *they tried to arrest an islander*; a bhathar a' coireachadh: *who was being blamed*; cha leigeadh a charaidean leis na poilis a thoirt air falbh: *his friends wouldn't let the police take him away*; chuairtich na h-eileanaich an togalach: *the islanders surrounded the building*; chaidh a chuid aodaich a reubadh dheth: *his clothes were ripped off*; gun leagadh iad an togalach gu làr: *that they would completely destroy the building (to the ground)*; a' sadail chlachan: *throwing stones*; a' toirt ionnsaigh: *attacking*; chaidh oidhirp a dhèanamh fearg an t-sluaigh a mhùchadh: *an effort was made to stifle the crowd's anger*; a' clàradh cuid de dh'fhir mar chonstabalan sònraichte: *registering some men as special constables*; rinn X air làrach na h-aimhreit: *X made for the site of the riot*; ag iarraidh orra sgaoileadh: *asking them to disperse*; leugh an Siorram Achd na h-Aimhreit: *the Sheriff read the Riot Act*.

Puing-chànain na Litreach: Bha iad a' toirt rabhadh seachad (gun toireadh iad fhèin an duine a-mach mura biodh e air a leigeil ma sgaoil): *they were warning (that they would release the man themselves if he were not let go)*. There is no simple Gaelic verb which serves as an equivalent to "warn". The phrase *thoir rabhadh do/dha* is used where there is a direct object – *eg bheir mi rabhadh dhaibh (I will warn them)*. If there is no object expressed then we often add *seachad eg thug mi rabhadh seachad gum bithinn feargach (I gave a warning that I would be angry)*.

Gnàths-cainnt na Litreach: chaidh aca air (an duine a thoirt gu stèisean nam poileas): *they managed (to take the man to the police station)*. Chaidh agam air a' chraobh a leagail: *I managed to fell the tree*.

* Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoinachadh le Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig.